

# A' stèidheachadh Com-pàirteachadh Poblach ann an Obair na Pàrlamaid: Geàrr-chunntas

## Ro-ràdh agus cùl-fhiosrachadh

1. Aig toiseach Seisein 6, chaidh ainm Comataidh nan Athchuingean Poblach a leudachadh gus Com-pàirteachadh Shaoranach a ghabhail a-steach.
2. Dh'aontaich a' Chomataidh, sa Ghearran 2022, an raon-ùghdarrais ùr aca a nochdadhl le bhith a' dèanamh rannsachadh air mar a bu chòir do Phàrlamaid na h-Alba com-pàirteachadh shaoranach (a' gabhail a-steach conaltradh deasbaireach) a thoirt a-steach mar phàirt den obair aca.
3. Chruinnich sinn fiosrachadh ann an diofar dhòighean:
  - cluinntinn bho eòlaichean ann an deamocrasaidh deasbaireach agus conaltradh Pàrlamaideach
  - cluinntinn bho bhuidheann-obrach Riaghaltas na h-Alba air deamocrasaidh com-pàirteachail agus deasbaireach agus bho Mhiniestar Ghnothaichean Pàrlamaideach Riaghaltas na h-Alba
  - ruith dà rannsachadh poblach, agus an uair sin 10 buidhnean-fòcais le daoine bho bhuidhnean nach eil, mar as trice, gan riochdachadh gu leòr ann an obair na Pàrlamaid
  - stèidheachadh pannal de shaoranaich air an taghadh air thuaiream – Pannal nan Saoranach air Com-pàirteachadh – gus coimhead air mar as urrainn don Phàrlamaid dèanamh cinnteach gu bheil guthan agus coimhearsnachdan eadar-dhealaichte bho gach ceàrnaidh de dh'Alba a' toirt buaidh air an obair aice.
  - co-chomhairle phoblach gus cuideachadh le priomhachas a thoirt do mholaidhean a' Phannail, le taic bho sheiseanan ruiginneachd le daoine òga agus daoine le ciorramachdan ionnsachaidh agus òtasam
  - co-chomhairle le BPA agus an luchd-obrach, agus le luchd-obrach na Pàrlamaid
  - tursan is coinneamhan le Pàrlamaid na h-Èireann, comhairle baile Pharis agus Pàrlamaid Luchd-Fraigis na Bruiseil (*Parlement francophone bruxellois*) gus ionnsachadh mu na Seanaidhean Shaoranach aca.
4. Gus Pannal Shaoranach a chruthachadh, chaidh cuireadh gu 4,800 dachaigh air an taghadh air thuaiream air feadh na h-Alba. Bho na freagairtean, thagh sinn sampall de dhaoine bho air feadh na h-Alba a bha an ìre mhath riochdachail de shluagh na h-Alba, a' toirt aire do aois, gnè, cinneadh, ciorram agus foghlam. De

na 24 neach dhan tug sinn cuireadh, bha 19 comasach air pàirt a ghabhail sa phannal.

5. Fhuair buill a' phannail cosgaisean-siubhail is àite-fuirich, chaidh £330 a phàigheadh airson an cuid ùine agus dealais, agus fhuair iad trèanadh is taic IT. Dh'obraich iad còmhla airson còrr is 32 uair a thìde thairis air dà dheireadh-seachdain agus trì seiseanan iomallach air-loidhne san Dàmhair agus san t-Samhain 2022.
6. Chuala am Pannal bho raon farsaing de dhaoine, a' gabhail a-steach BPA, buill den phoball air an robh cnapan-starra a thaobh com-pàirteachaidh, luchd-saidheans poilitigeach, acadaimigich agus buidhnean-coimhairsnachd.
7. Aig deireadh a' phròiseis, rinn am Pannal seachd molaidhean deug gus piseach a thoirt air mar a bhios a' Phàrlamaid a' conaltradh ri muinntir na h-Alba. Chaidh na bha seo fhoillseachadh ann an aithisg eadar-amail na Comataidh air 16 Dùblachd 2022.<sup>1</sup> Chuala a' Chomataidh fianais bho chuid de bhuill a' Phannail air 14 Dùblachd 2022 agus bha sinn air ar misneachadh gu mòr cluinntinn cho toilichte 's a bha iad le mar a chaidh dhaibh.
8. Air adhbharan na h-aithisge seo, tha sinn air 17 molaidhean a' Phannail a chur còmhla anns na seachd cuspairean a leanas:

#### Cuspair 1: Stèidheachadh deamocrasaidh deasbaireach

- Moladh pannail 7: Dèan reachdas airson deamocrasaidh deasbaireach
- Moladh pannail 8: Tog bunait fianais làidir airson deamocrasaidh deasbaireach
- Moladh pannail 9: Tog taic thar-phàrtaidh airson deamocrasaidh deasbaireach

#### Cuspair 2: Fàs conaltradh coimhairsnachd

- Moladh pannail 1: Thoir air falbh bacaidhean air com-pàirteachadh
- Moladh pannail 2: Cruthaich cothroman do dhaoine an eòlas beatha a chleachdadhbh agus a cho-roinn airson a dhol an sàs ann an cùisean a tha cudromach dhaibh
- Moladh pannail 5: Dèan cinnteach nach bi conaltradh coimhairsnachd le BPA a' dùnadh a-mach dhaoine nach eil nam pàirt de bhuidhnean-coimhairsnachd

#### Cuspair 3: Togail aire mu Phàrlamaid na h-Alba

- Moladh pannail 3: Tog aire mu ghnothaichean na Pàrlamaid ann an cànan soilleir agus furasta a thuigsinn a' gabhail a-steach mheadhanan lèirsinneach

---

<sup>1</sup> Comataidh Com-pàirteachadh Shaoranach agus Athchuingean Poblach, 2na Aithisg, 2022 (Seisean 6), *Com-pàirteachadh Poblach ann am Pàrlamaid na h-Alba*, ri fhaighinn aig: [Com-pàirteachadh Poblach ann am Pàrlamaid na h-Alba \(azureedge.net\)](http://Com-pàirteachadh Poblach ann am Pàrlamaid na h-Alba (azureedge.net))

- Moladh pannail 15: Cleachd na meadhanan, prògraman aithriseach agus filmichean goirid gus soirbheachadh na Pàrlamaid agus sgeulachdan fior mu chonaltradh a chomharrachadh
- Moladh pannail 16: Bu chòir don Phàrlamaid iomairt fiosrachaидh choitcheann a ruith a mhìnichesas dreuchd Pàrlamaid na h-Alba

#### Cuspair 4: Leasachadh a' phròiseis cho-chomhairle

- Moladh pannail 6: Cruthaich siostam leithid duilleag-lìn far am faod daoine clàradh agus fios fhaighinn mu chothroman a dhol an sàs
- Moladh pannail 12: Suidhich ceann-latha de 9 mìosan mar bhunait airson fios air ais a libhrigeadh air toradh conaltraidh sam bith

#### Cuspair 5: Toirt na Pàrlamaid don t-sluagh

- Moladh pannail 4: Bu chòir don Phàrlamaid deuchainn a dhèanamh air dòighean-obrach airson a bhith a' cleachdadhbh ionadan-conaltraidh-fiosrachaيدh roinneil agus/no taisbeanadh-siubhail no aonad gluasadach.
- Moladh pannail 11: Dèan anailis cosgais-buannachd air coinneamhan na Pàrlamaid fhèin no a cuid chomataidhean a chumail taobh a-muigh Thaigh an Ròid agus dèan coimeas eadar seo agus (a) barrachd taice agus curidhean cuimsichte do dhaoine a thighinn gu Taigh an Ròid agus (b) làithean Pàrlamaid ath-thòiseachadh.

#### Cuspair 6: Foghlam

- Moladh pannail 17: Bu chòir don Phàrlamaid rannsachadh a chumail mun dàimh eadar amasan a' churraicealaim làithrich agus a' Phàrlamaid

#### Cuspair 7: Neartachadh earbsa anns a' Phàrlamaid

- Moladh pannail 10. Stèidhich pannal dhaoine sònraichte gus beachdachadh air còd-giùlain nam BPA
- Moladh pannail 13. Thoir cumhachd don Oifigear Riaghlaidh toirt air BPA na ceistean uile a thèid fhaighneachd a fhreagairt
- Moladh pannail 14. Cùm ùine shònraichte san t-Seòmar Deasbaid airson ceistean poblach fa leth fhaighneachd

### Cuspair 1: Stèidheachadh deamocrasaidh deasbaireach

9. Tha sinn a' moladh gum bi a' Phàrlamaid dealasach a thaobh tuilleadh deamocrasaidh deasbaireach a stèidheachadh na dreuchd sgrùdaidh.
10. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh na h-obrach cudromaich agus an dealais a tha Riaghaltas na h-Alba air nochdadhbh, tro na pannalan shaoranach a tha e air ruith mar-thà agus an obair a rinn a bhuidheann-obrach air stèidheachadh deamocrasaidh com-pàirteachail is deasbaireach (IPDD). Tha sinn a' toirt taic

don Riaghaltas san obair seo, a' creidsinn gun urrainn dha deamocrasaidh deasbaireach a chleachdadh gus dèiligeadh ri cuid de na cùisean mòra a tha mu choinneamh na dùthcha air fad. Tha iomairtean fo stiùir riaghaltais stèidhichte ann an dùthchannan eile, agus gu tric air toraidhean luachmhor a libhridgeadh, agus cha bhiodh sinn airson Alba fhaicinn a' tuiteam air dheireadh.

11. Shaoil sinn gun gach modail a rannsaich sinn ann an Èirinn, ann am Paris agus anns a' Bhruisseal ionmholta ann an dùighean sònraichte, ach bha eas-bhuannachdan agus cuingeadan aig gach fear dhiubh. Bha an ìre dhan robh gach fear air a chumadh le poilitigs agus prìomhachasan ionadail inntinneach dhuinn cuideachd. Is dòcha gur e an t-aon leasan a bu chudromaire a thog sinn bho ar tursan nach eil aon mhodail ann a bu chòir a leantainn gu tur, agus gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus don Phàrlamaid ùine a ghabhail gus na modailean aca fhèin a chruthachadh a bhios freagarrach a rèir feumalachdan agus suidheachadh sònraichte na h-Alba.

#### *Prionnsapalan*

12. Is e ar beachd gum faodar taic a thoirt do sgrùdadh agus do dheimocrasaidh riochdachail agus a dhèanamh nas fheàrr tro bhith a' cleachdadh mhodailean deasbaireach. Faodar seo a stiùireadh le prionnsapalan farsaing, seach a bhith air a thogail air structaran stèidhichte aig an ìre seo. Le bhith a' cuimseachadh air an dòigh-obrach seo, tha a' Chomataidh den bheachd gum bi BPA agus am poball a' tuigsinn agus a' cur earbsa ann an deamocrasaidh deasbaireach na Pàrlamaid.

13. Is iad na prionnsapalan a tha sinn a' moladh:

- Bu chòir don deamocrasaidh dheasbaireach sin a bhith **a' cur ris a' mhodail de dheimocrasaidh riochdachail a th' ann mar-thà** agus a bhith air a chleachdadh gus taic a thoirt don phòiseas sgrùdaidh.
- Bu chòir don dòigh anns a bheilear a' cleachdadh dhòighean deasbaireach, bho thrusadh gu aithris agus fios air ais, a bhith **follaiseach agus fo smachd frèam-obrach riaghlaidh agus cunntachalachd**.
- Bu chòir na dòighean deasbaireach a thathar a' cleachdadh a bhith **co-rèireach agus buntainneach** don chuspair, agus co-theacsan sgrùdaidh.
- Bu chòir **taic is cumhachd** a thoirt do chom-pàirtichean ann an deamocrasaidh deasbaireach agus **fios air ais a thoirt dhaibh** air mar a tha na molaidhean aca air an cleachdad.

#### *Pròiseas agus clàr-ama*

14. Is e ar n-amas airson na h-aithisge seo a' Phàrlamaid a bhrosnachadh air turas, thairis air a' chòrr den t-seisean seo, a dh'ionnsaigh deamocrasaidh deasbaireach a dhèanamh na phàirt àbhaisteach den dòigh sa bheil i a' sgrùdadh Riaghaltas na h-Alba.

15. Gus seo a choileanadh, tha sinn a' moladh gabhail ri modh frèam-obrach, anns am bi siostam riaghlaidh agus cunntachalachd air a chleachdad gus taic a thoirt do lìbhrigeadh diofar mhodailean de ghnìomhachd dheasbaireach. Seachnaidh seo feum air co-dhùnad a dhèanamh air modail sònraichte sam bith aig ère thràth, agus lìbhrigidh e rùm agus structar airson diofar mhodailean fheuchainn agus a mheasadh.
16. Tha priomh eileamaidean an fhrèam-obrach seo stèidhichte mar-thà: Ro-innleachd Conaltradh Poblach na Pàrlamaid, buidseat aontaichte airson a' chòrr den t-seisean, agus goireas in-thaigh stèidhichte – an Sgioba Com-pàirteachaidh is Choimhearsnachdan (PACT).
17. Tha sinn cuideachd a' faicinn dreuchd stiùridh aig a' Chomataidh seo, ag obair le comataidhean cuspaireil agus Buidheann an Luchd-gairm. Gu sònraichte, tha sinn a' moladh dà phannal shaoranach eile (no “pannalan a' phobaill”) a ruith eadar seo agus tràth/meadhan 2025 – aon air sgrùdadadh iar-reachdail (a' coimhead air Achd Pàrlamaid beagan bhliadhnaichean às dèidh don Phàrlamaid gabhail rithe gus faicinn dè cho math 's a tha i air a bhith ag obair) agus aon air cuspair anns a bheil ùidh choitcheann. Tha sinn an uair sin ag amas air plana fhoillseachadh agus a dheasbad sa Phàrlamaid ro mheadhan/deireadh 2025 air mar a chleachdas a' Phàrlamaid deamocrasaidh deasbaireach bho thoiseach Seisean 7 (is e sin, bhon Chèitean 2026).

#### *Beachdan air cùisean sònraichte*

18. Chan eil sinn an-dràsta a' moladh pannal shaoranach seasmhach a stèidheachadh – 's e sin, pannal mòr a tha ann airson ùine agus a bhios a' beachdachadh air raon chuspairean, cuid dhiubh a dh'fhaodadh am pannal fhèin a thaghadh. Is fheàrr leinn chuspairean sgrùdaidh a chomharrachadh an toiseach agus an uair sin pannal a stèidheachadh a tha air a dhealbhadh airson gach cuspair. Le pannalan a stèidhicheas an Riaghaltas, tha sinn a' moladh gun comharrach pàrtaidhean poilitigeach chuspairean iomchaidh ro làimh a chuireas iad nam manifesto taghaidh.
19. Ged a dh'fhaodadh pannal nas motha de suas ri 100 a bhith iomchaidh airson pannal Riaghaltais, bhiodh sinn an dùil gum biodh pannalan nas lugh aig a' Phàrlamaid de is dòcha 20-30, agus gum b' e saoranaich a-mhàin a bhiodh orra. Ach, saoilidh sinn gum bu chòir do Phannalan deasbaireach beachdachadh air BPA a thoirt nan lùib ann an dòigh chuibhrichte air choreigin, 's dòcha le bhith a' toirt cuireadh dhaibh suidhe a-steach air deasbad aig àm iomchaidh leteach-slighe tron obair aca.
20. Is e aon de na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith an cois deamocrasaidh deasbaireach gu bheil daoine nach eil eòlach air dòighean Thaigh an Ròid gan toirt a-steach gu cridhe a' phròiseis. Mar sin feumaidh modail ciallach sam bith airson deamocrasaidh deasbaireach tòiseachadh le pròiseas làidir airson compàirtichean a thaghadh a tha (còmhla) a' nochdadh comann-sòisealta na h-Alba san fharsaingeachd. Tha sinn den bheachd gum bu chòir na leanas a bhith aig pannal riochdachail de mheud sam bith:
- measgachadh cha mhòr co-ionann de dh'fhir is bhoireannaich

- raon aoisean (le 16 an aois as ìse)
  - measgachadh a rèir teachd a-steach, inbhe cosnaidh (a' gabhail a-steach daoine nach eil ag obair agus daoine a tha air an dreuchd a leigeil dhiubh) agus/no ìre foghlaim
  - sgaoileadh cruinn-eòlach reusanta, a' còmhdach prìomh roinnean na h-Alba ann an co-rèir an ìre mhath ris an àireamh-sluaigh aca, ach cuideachd a' toirt a-steach measgachadh de dhaoine a tha a' fuireach ann an cathair-bhailtean is bailtean-mòra, ann an coimhearsnachdan nas luga no sgìrean dùthchail.
21. Dh'fhaodadh beachdachadh air feartan eile – leithid cinneadh/cinnidheachd, slàinte is ciorram, daoine pòsta/singilte agus dleastanasan cùram – a rèir a' chuspair. Tha sinn ag aontachadh gu bheil e freagarrach uaireannan a bhith a dh'aon ghnothach a' déanamh os-rioichdachadh de mhion-bhuidhnean.
22. Bu chòir don Phàrlamaid, a bharrachd air cosgaisean-siubhail is àite-fuirich chom-pàirtichean a phàigheadh, pàigheadh reusanta a thabhan dhaibh airson an com-pàirt, mar chomharra air an ùine agus an dealas a tha na lùib.
23. Tha e coltach gum bi dòighean-obrach phannalan a' toirt a-steach seiseanan tòiseachaidh airson an suidheachadh a stèidheachadh; measgachadh de sheiseanan aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne; measgachadh de Phannal slàn agus fo-bhuidhnean nas luga; taisbeanaidhean le eòlaichean; taic airson deasbad mu cho-dhùnaidhean; luchd-taice ri làimh gus notaichean a ghabhail agus gus cuideachadh le dreachdad.
24. Bu chòir don Phàrlamaid freagairt smaoineachail a thoirt seachad, mar as trice taobh a-staigh 9 mìosan, do na molaidhean air fad aig a' Phannal. Tha seo an dà chuid modhail do na com-pàrtichean agus na dhòigh air misneachd a thogail ann an cleachdad phannalan san fharsaingeachd. Tha e cuideachd na dheagh chleachdad cuireadh a thoirt do bhuill a' phannail beachdan a thoirt seachad mun eòlas aca air pàirt a ghabhail ann. Bu chòir sgrùdadadh sam bith a tha cudromach gu leòr airson pannal a' phobaill a bhith ga dheasbad ann an Seòmar na Pàrlamaid, agus bu chòir cuireadh a thoirt do bhuill a' phannail a bhith an làthair (agus cosgaisean-siubhail is àite-fuirich a phàigheadh).
25. Ged a tha sinn a' cur taic ri mòran de Mholadh 7 a' Phannail, chan eil sinn, aig an ìre seo, a' toirt taic don iarrtas gus frèam-obrach airson deamocrasaidh deasbaireach a chur ann an reachdas. Tha reachdas iom-phillte agus trom air stòrasan; chan eil sinn cinnteach a bheil feum air agus dh'fhaodadh nach biodh e sùbailte gu leòr.
26. Tha sinn ag aontachadh ri Molaidhean 8 agus 9. Tha sinn dealasach a thaobh modh mean air mhean a chleachdad a tha stèidhichte air fianais air na dòighean-obrach as fheàrr, agus a bhios a' tomhas buaidh gach pannail. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e taic a thogail thràphàrtaidhean politigeach airson deamocrasaidh deasbaireach

## Cuspair 2: Fàs conaltradh coimhearsnachd

27. Tha am modail traidiseanta de sgrùdadadh Pàrlamaideach a' toirt prìomhachas do bheachdan dhaoine aig a bheil tuigse mar-thà air na tha a' Phàrlamaid a' dèanamh agus aig a bheil na sgilean agus na goireasan airson a dhol an sàs gu h-èifeachdach. Tha mòran dhaoine àbhaisteach gam fàgail air an iomall no air chùl, los nach eil fios aca mun chothrom a dhol an sàs no leis gu bheil an suidheachadh aca a' ciallachadh gu bheil conaltradh ro dhoirbh.
28. Tha sinn a' cur taic ris an obair a rinneadh mar-thà agus a tha a' dol air adhart gus dèiligeadh ri seo – a' gabhail a-steach Ro-innleachd Conaltradh Poblach na Pàrlamaid, agus an dòigh anns a bheil obair com-pàirteachaidh fhor-ghniomhach a-nis na phàirt àbhaisteach de rannsachaidhean comataidh. Ach feumaidh a' Phàrlamaid barrachd a dhèanamh, chan ann a-mhàin gus conaltradh le daoine a tha mar-thà air am brosnachadh gus am beachdan no an eòlas a cho-roinn, ach gus mòran dhaoine eile a ruighinn nach eil an-dràsta a' faicinn adhbhar airson a dhol an sàs no a tha a' gabhail ris nach fhaigheadh iad èisteachd.
29. Chuireadh a' Chomataidh fàilte shònraichte air adhartas a thaobh:
- na ro-innleachd com-pàirteachaidh, iomadachd agus in-ghabhail ga leasachadh le Buidheann an Luchd-gairm (buidheann air a dhèanamh suas de luchd-gairm chomataidhean)
  - buidheann-obrach air cleachdadadh chànanan is chruthan eadar-dhealaichte gus ruigsinneachd a leudachadh
  - poileasaidh na Pàrlamaid air pàigheadh airson com-pàirteachadh, le taic bho sgrùdadadh air mar a dh'innseas comataidhean do luchd-fianais mun phàigheadh a tha ri fhaighinn.
  - mar a bhios a' Phàrlamaid a' cumail sùil air iomadachd luchd-fianais, a' gabhail a-steach cothromachadh eadar eòlas beatha agus fianais eòlaichean
  - leasachadh dhòighean-obrach airson sgrìobhadh aithisgean a nì feum nas fheàrr den fhianais a chaidh a chruinneachadh taobh a-muigh coinneamhan comataidh foirmeil
  - Ath-bhreithneachadh air às-dùnadhbh didseatach
  - barrachd feum de "phannalan eòlas beatha", a' gabhail a-steach beachdachadh air dònachd agus air dùighean-obrach a tha fiosraichte mu chruaidh-chàs
  - beachdachadh a bheil cothrom iomchaidh aig buidhnean tar-phàrtaidh air goireasan pàrlamaideach, agus ciamar a dh'fhaodadh an obair aca a cheangal nas fheàrr ri obair-sgrùdaidh nan comataidhean.
30. Tha a' Chomataidh sa chumantas a' toirt taic do mholaidhean a' Phannail a tha air an cruinneachadh fon chuspair seo.

## Cuspair 3: Togail aire mu Phàrlamaid na h-Alba

31. Tha a' Chomataidh a' cur fàilte air an obair a tha luchd-obrach na Pàrlamaid a' dèanamh gus am fiosrachadh a bheir a' Phàrlamaid seachad a leasachadh, agus a dhèanamh buntainneach agus ruigsinneach do raon farsaing de luchd-cleachdaidh.
32. Tha sinn a' moladh conaltradh le buidhnean eile (leithid Coimisean nan Taghaidhean, riaghaltas ionadail agus com-pàrtichean coimhairsnachd) mu dhòighean-obrach co-òrdanaichte airson a bhith a' conaltradh cò a nì dè (a' gabhail a-steach diofar dhleastanasan BPA, BP agus chomhairlichean, agus an diofar eadar a' Phàrlamaid agus Riaghaltas na h-Alba).
33. Dh'fhaodadh comataidhean barrachd a dhèanamh gus toradh an obair-sgrùdaidh innse, a' gabhail a-steach aithisgean a tha nas ruigsinniche agus nas buadhaiche. Bu mhath leinn gum biodh fiosrachadh ùr, ruigsinneach mu cothroman com-pàirteachaidh air a sgaoileadh nas fharsainge, a' gabhail a-steach ann an togalach na Pàrlamaid agus ann an oifisean sgìreil nam Ball.
34. Tha a' Chomataidh sa chumantas a' toirt taic do mholaidhean a' Phannail fon chuspair seo. Tha sinn toilichte fhàgail aig seirbheis Fiosrachadh Poblach na Pàrlamaid beachdachadh air moladh 16 an ath thuras a bhithear ag ath-bhreithneachadh air na bileagan a bhios iad a' dèanamh.

## Cuspair 4: Leasachadh a' phròiseis cho-chomhairleachaidh

35. Is toil leinn am beachd (ann am moladh 6) leigeil le daoine an ùidh ann an cothroman conaltraidh a chlàradh, gus am faigh iad fios gu fèin-obrachail, seach a bhith a' coimhead air an làraich-lìn gu cunbalach iad fhèin.
36. Mar fhreagairt do mholadh 12, tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e fios air ais brioghmhor a thoirt dhaibhsan a tha a' gabhail pàirt ann an seòrsa sam bith de ghniomhachd conaltraidh – chan e dìreach pannalan shaoranach. Bu chòir gur e am prionnsapal, ma bheir comataidh cuireadh do dhaoine cur ri rannsachadh, gum bu chòir dhaibh mìneachadh mar a chaidh sin a chleachdadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean na comataidh. Ach chan eil sinn a' smaoineachadh gum biodh e reusanta sùileachadh gun toireadh comataidh fios air ais a dh'aona ghnothach don a h-uile tagradh a gheibhear mar fhreagairt do ghairm bheachdan coitcheann.

## Cuspair 5: Toirt na Pàrlamaid don t-sluagh

37. Tha sinn taiceil, ann am prionnsapal, do bhith a' toirt fiosrachadh mun Phàrlamaid a-mach gu coimhairsnachdan ionadail. Tha am Pannal air innse, ann am Moladh 4, grunn dhòighean anns an gabhadh seo a dhèanamh, agus tha sinn ag aontachadh gum bu chòir coimhead orra sin agus roghainnean eile, a' gabhail a-steach beachdachadh air cosgais agus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aca.

38. Mar an ceudna, le Moladh 11, tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gum bi BPA uaireannan ri gnothach taobh a-muigh Thaigh an Ròid. Saoilidh sinn gum bu chòir do chomataidhean beachdachadh gu tric air coinneamhan a chumail air an taobh a-muigh nuair a bhios iad a' planadh rannsachaidhean mòra air cuspairean aig a bheil fòcas dùthchail no roinneil; ach tha sinn fada nas amharasaiche mu làn-choinneamhan na Pàrlamaid a chumail taobh a-muigh Dhùn Èideann.
39. Chan eil sinn cinnteach a bheil cùis làidir ann airson Laithean Pàrlamaid ath-thòiseachadh, ach bu mhath leinn dòighean sùbailte is cosg-èifeachdach fhaicinn gus gniomhachd na Pàrlamaid a thoirt a-mach gu coimhearsnachdan. Tha sinn cuideachd a' faicinn cùis airson barrachd taic a thoirt do dhaoine a thiginn gu Taigh an Ròid air adhbharan conaltraidh.

## Cuspair 6: Foghlam

40. Tha sinn ag aontachadh ris a' Phannal gum bu chòir do chloinn is do dhaoine òga air fad, mus urrainn dhaibh bhòtadh, ionnsachadh mar a thèid iad an sàs anns a' Phàrlamaid, agus ann an Riaghaltas na h-Alba, agus tuigse fhaighinn air mar a tha an dà bhuidhinn ag obair. A thaobh sin, tha sinn a' moladh ath-bhreithneachadh a dhèanamh air foghlam saoranachd ann an curraicealam na sgoile.
41. Mar chiad cheum, saoilidh sinn gum faodadh a' Phàrlamaid rannsachadh òrdachadh air diofar dhòighean-obrach a thaobh foghlam saoranachd agus dè cho èifeachdach 's a tha iad ann a bhith ag àrdachadh com-pàirteachadh poilitigeach, a' tarraig air eòlas bho dhùthchannan eile. Bhiodh e an uair sin an urra ris a' Chomataidh Foghlaim, Cloinne agus Òigridh co-dhùnadhl am bu chòir am fiosrachadh sin a chleachdad mar bhunait airson rannsachadh.

## Cuspair 7: Neartachadh earbsa anns a' Phàrlamaid

42. Chan eil sinn cinnteach a bheil an Còd-giùlain airson BPA na chuspair iomchaidh airson beachdachadh le pannal a' phobaill (Moladh Pannail 10), ach tuigidh sinn cho luachmhòr 's a dh'fhaodadh e a bhith nam biodh am poball a' beachdachadh air ceist nas fharsainge a thaobh giùlan BPA, mar dhòigh air earbsa ath-thogail. Bidh e an urra ris a' Chomataidh Inbhean, Mhodhan-obrach agus Dhreuchdan Poblach beachdachadh am bu chòir dhaibh beachdachadh tuilleadh air seo.
43. Tuigidh sinn am mì-ghean a tha air cùl Moladh Pannail 13, leis gum bi Ministearan uaireannan a' fàilliageadh no a' diùltadh freagairtean dìreach a thoirt do cheistean. Tha sinn ag aithneachadh diofar ghearanan, a' gabhail a-steach a' chunnairt gun tèid dreuchd an Oifigear Riaghlaidh a dhèanamh poilitigeach agus loidhnichean cunntachalachd cudromach a dhèanamh neo-shoilleir. Ach tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil cùisean spèis agus modhalachd an sàs agus gum faod an cleachdadh làithreach againn cur ri dìth earbsa a' phobaill mu phoilitigs agus cliù na Pàrlamaid a mhilleadh. Tha sinn a' brosnachadh na Comataidh Inbhean, Mhodhan-obrach agus Dhreuchdan Poblach beachdachadh air dòighean anns am faodar cumhachd a thoirt don Oifigear Riaghlaidh co-dhùnadhl nach deach ceist a fhreagairt gu h-iomchaidh, gun a bhith a'

cruthachadh dùil mhì-reusanta a thaobh dè cho tric no dè an suidheachadh a bu chòir an cumhachd sin a chleachdad.

44. Chan urrainn dhuinn taic a thoirt do Mholadh Pannail 14 airson àm cheistean a tha na phàirt de ghnothaichean foirmeil na Pàrlamaid, oir tha sinn a' smaoineachadh gu bheil e a' togail cus dhuilgheadasan a thaobh cleachdad agus prionnsapal. Ach, bhiodh sinn deònach tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air a' bheachd, ma tha taic thar-phàrtaidh ann airson sin. Tha sinn cuideachd den bheachd gu bheil dòighean nach eil cho foirmeil airson seo a thoirt air adhart.

## Obair leantainneach

45. San aithisg seo, tha sinn air cunntas a thoirt air obair a tha a' Phàrlamaid a' dèanamh gus a bhith a' leasachadh agus a' toirt piseach air mar a bhios i a' conaltradh ris a' phoball. Tha sinn an dùil sùil a chumail air an obair seo agus aithris a dhèanamh air a-rithist ro dheireadh an t-seisein.

### Priomh abairtean

- **Seanadh Shaoranach no Pannal Shaoranach** – buidhnean beaga no mòra de dhaoine, air an taghadh gus a bhith a' riochdachadh an t-sluaigh san fharsaingeachd, a gheibh cuireadh beachdachadh air cuspair còmhla agus molaidhean a dhèanamh.
- **Deamocrasaidh deasbaireach** – dòighean (a' gabhail a-steach Seanaidhean agus Pannalan Shaoranach) a leigeas le com-pàirtichean cur ri dèanamh phoileasaidhean le bhith a' beachdachadh air cuspair ann an dòigh eagraichte, fhosgalte agus fhiosraichte a bhrosnaicheas co-aontachd
- **Com-pàirteachadh poblach (no shaoranach)** – dòigh sam bith anns am faod muinntir a' phoball pàirt ghniomhach a ghabhail ann an obair na Pàrlamaid.
- **Deamocrasaidh com-pàirteachail** – am beachd gum bu chòir com-pàirteachadh a' phobaill a bhith na phàirt àbhaisteach den dòigh anns a bheil Pàrlamaid a' beachdachadh air cùisean agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean (mar dòigh eile seach deamocrasaidh riochdachail a-mhàin)
- **Sgrùdadhbhàil iar-reachdais** – sgrùdadhbhàil air pìos reachdais (m.e. Achd Pàrlamaid na h-Alba) às dèidh dha a bhith ann an gnìomh airson ùine, gus beachdachadh air dè cho math 's a tha e ag obair
- **Deamocrasaidh riochdachail** – am modail traidiseanta anns am bi buill thaghte (leithid BPA) a' beachdachadh agus a' dèanamh cho-dhùnaidhean mar riochdairean a' phobaill, le glè bheag de chom-pàirteachadh dìreach aig a' phoball fhèin (ach a-mhàin aig taghaidhean).